



Teisteanais
Nàiseanta
EISIMPLEIR A-MHÀIN

S872/76/12

**Eachdraidh
Eachdraidh na h-Alba**

Deit — Gun bhuinteanas

Ùine — 1 uair agus 30 mionaid

EACHDRAIDH NA H-ALBA — 36 comharran

Feuch AON phàirt.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fàg thu seòmar nan deuchainnean, feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.



* S 8 7 2 7 6 1 2 *



EACHDRAIDH NA H-ALBA

Feuch AON phàirt

PÀIRTEAN

- | | |
|--|--------------------|
| A. Cogaidhean na Saorsa, 1249–1328 | <i>duilleag 03</i> |
| B. Linn an Ath-leasachaidh, 1542–1603 | <i>duilleag 05</i> |
| C. Cùmhnant an Aonaidh, 1689–1740 | <i>duilleag 08</i> |
| D. Imrich agus Ìmpireachd, 1830–1939 | <i>duilleag 11</i> |
| E. Buaidh a' Chogaidh Mhòir, 1914–1928 | <i>duilleag 14</i> |

EACHDRAIDH NA H-ALBA — 36 comharran

PÀIRT A — Cogaidhean na Saorsa, 1249–1328

Dèan sgrùdadh air na stòran gu h-ìosal agus feuch a h-UILE ceist a tha a' tighinn às an dèidh.

Stòr A bho aithris le uaislean na h-Alba mar fhreagairt don iarrrtas a rinn Eideard I ann an Norham, An Cèitean 1291.

Fàilte. Tha sinne, riochdairean coimhearsnachd phoilitigeach na h-Alba, a' toirt taing do Mhòrachd, Rìgh Eideard I, airson coibhneas mòr do dh'Alba. Tha sinn a' toirt freagairt don iarrrtas aig Eideard I ann an Norham, gum biodh e aithnichte mar àrd-uachdaran air Alba, mus tèid aige air breithneachadh air tagraichean còir-sheilbh na h-Alba. Chuir muinntir na h-Alba sinne an seo a ràdh nach aithne dhaibh dad mun chòir seo air àrd-uachdranachd na h-Alba, agus nach motha na sin a chunnaic iad riann Eideard I no a shin-sinnsirean a bhith ga h-agairt. Mar sin chan eil cumhachd againn freagairt a thoirt do thagraidh Eideard I oir chan eil rìgh againn chun am bu chòir an t-iarrrtas a chur, agus 's ann aig rìgh a-mhàin a tha cumhachd freagairt a thoirt. Thug Rìgh Eideard I fhèin gealladh gum biodh Alba neo-eisimeileach ann an Cùmhnant Birgham-Northampton.

Stòr B bho G.W.S. Barrow, *Kingship and Unity, Scotland 1000–1306* (1981).

Gu mì-fhortanach, chaidh Anndra Moireach a leòn gu bàs aig Drochaid Shruighlea agus chaochail e san t-Samhain 1297. Ach, bhon a chuir feachd nan saighdearan-coise, aig Uilleam Ualas agus aig Anndra Moireach, fodha cho dona an eachraidh a chuir Surrey agus Hugh de Cressingham nan aghaidh aig Blàr Drochaid Shruighlea air 11mh Sultain 1297, theab Sasainn smachd armailteach a chall ann an Alba. Bha Ualas a-nis na ghaisgeach. Bha an Roinn Eòrpa an lar air a beò-ghlacadh leis a' bhuidh a' fhuair e. Chaidh a dhèanamh na ridire, agus às dèidh sin na neach-gleidhidh. Bha e fhathast às leth Rìgh Iain, ach bha e cuideachd às leth Coimhearsnachd na Rìoghachd. Bha ceannardan dualchasach na h-Alba a' sabaid ann am feachd Ualas agus theich feadhainn, fiù 's às a' phrìosan ann am Flannrais, airson taic a thoirt dha.

Stòr C bho Michael Brown, *The Wars of Scotland, 1214–1371* (2004).

Ma bha a' bhuidh armailteach aig Drochaid Shruighlea soilleir, cha robh a' bhuidh phoilitigeach idir cho cinnteach. Le Uilleam Ualas is Anndra Moireach os an cionn, fhuaradh rìoghachd Alba air ais bho Shasainn le arm a bha ag obair gun cheannardas nan uaislean Albannach. Gun teagamh bha taic aig Ualas bho uaislean leithid an Stiùbhaird agus Lennox, ach cha robh bhon h-uile duine dhiubh. Bhathar ag ràdh gur ann 'le fòirneart a thug Ualas buaidh air na h-uaislean co-dhiù bha iad ag aontachadh ris no nach robh'. Ach bha strèan fhathast sa cheannardas. Nuair a chuir Ualas easbaig ùr, William Lambertson, ann an dreuchd ann an Cill Rìmhinn nuair a chaochail an t-Easbaig Friseal, dh'fhàs daoine amharasach a-rithist. Bha bàs Fhriseil agus dreuchd Lambertson a' ciallachadh gun do chaill na Cuimeanaich caraid cumhachdach agus cha robh earbsa aca ann an Ualas.

EACHDRAIDH NA H-ALBA — PÀIRT A (a' leantainn)

Stòr D bho Fiona Watson, *Scotland from Prehistory to the Present* (2003).

Bha cumhachd teaghlach nan Cuimeanach, aig an robh dlùth cheangal ri fear a bha càirdeach dhaibh, an Rìgh Iain a chaidh a chur far a' Chrùin, a' ciallachadh gun robh duilgheadas mòr aig Brus. Ach gu fortanach do Bhrus, cha do nochd na Cuimeanaich riamh deagh chomas ann an cùisean armailteach. Bha Brus fhèin air a dhol na cheannard guerrilla seòlta agus èifeachdach gu math luath. Bha Alba a' cur barrachd meas air na buadhan sin na ann a bhith a' cumail ris na riaghailtean stèidhichte. Bha an rìgh ùr cuideachd fortanach gun robh e air chomas sgioba dlùth de chomanndairean armailteach a thàladh thuige fhèin agus a chumail. Bha na comanndairean sin a cheart cho èifeachdach ann an cùisean armailteach ri Brus fhèin. Mar sin b' urrainn Brus cogadh a chumail a' dol air iomadh aghaidh, agus chuir e an aon bhràthair a bh' aige a bha fhathast beò, Eideard Brus, agus fear Seumas Dùbhghlas a bha glè dhìcheallach, sios a Ghall-Ghàidhealaibh airson dèiligeadh ris an luchd-taic a bh' aig Balliol an sin, agus chaidh e fhèin a phrìomh sgìre nan Cuimeanach ann an Loch Abar, Bàideanach agus Bàideanach agus Bùchainn.

Feuch air a h-UILE ceist a leanas.

1. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr A** mar fhianais air tagradh na h-Alba gu Eideard I agus an co-dhùnadh ann an Norham. 8

Ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnadh bu chòir dhut iomradh a thoirt air
 - an tùs agus air an amas a bha 's dòcha aig an stòr
 - susbaint an stòir
 - d' fhiosrachadh fhèin.

2. Mìnich na h-adhbharan air carson a bha duilgheadasan sa cheangal eadar Iain Balliol agus Eideard I. 8

3. Dè uiread 's a tha **Stòran B** agus **C** a' sealltainn dhuinn mu na diofar mhìneachaidhean a th' ann air an dreuchd a bh' aig Uilleam Ualas nuair a bha Alba a' seasamh an aghaidh Shasainn? 10

Cleachd na stòran agus d' fhiosrachadh fhèin.

4. Dè cho slàn 's a tha **Stòr D** a' mìneachadh nan adhbharan airson mar a fhuair Raibeart Brus cumhachd agus mar a shoirbhich leis? 10

Cleachd an stòr agus d' fhiosrachadh fhèin.

EACHDRAIDH NA H-ALBA — 36 comharran

PAÌRT B — Linn an Ath-leasachaidh, 1542–1603

Dèan sgrùdadh air na stòran gu h-ìosal agus feuch a h-UILE ceist a tha a' tighinn às an dèidh.

Stòr A bho 'Beggars' Summons' a chaidh a sgrìobhadh gu na manaich: 1d Faoilleach 1559.

Tha gearainean againne a tha dall, a tha crom, bantraichean air an leabaidh, dilleachdain agus bochdan eile mu na manaich uile san rìoghachd. Tha sinn airson gun tèid eu-ceartan san àm a dh'fhalbh a chur ceart agus ath-leasachadh a bhith ann san àm ri teachd. Bhon a tha uimhir againn ann, agus sinn cho bochd agus a' fulang ainneart le ur dòighean ceàrr, tha sinn den bheachd gum feum sinn a dhol nur n-aghaidh seach leigeil leibh a bhith a' goid às na taighean-loidsidh againn agus an uair sin gar fàgail gu dhol bho fheum agus bàsachadh air sgàth bochdainn. Bha sinn den bheachd gum biodh e glic rabhadh a thoirt dhuibh le sgrìobhainn phoblach a chrochadh air na geataichean agaibh, gum feum sibh, eadar seo agus Là na Caingis, sibh fhèin a ghluasad a-mach às na manachainnean airson gum faigh sinn toileachas bho na rudan a bhuineas dhan Eaglais. Mura fàg sibh, thèid sinn a-steach agus gabhaidh sinn thairis na taighean agaibh agus sadaidh sinn a-mach sibh.

Stòr B bho làrach-lìn.

Cha robh Seumas VI ach na leanabh nuair a thàinig e gu bhith na rìgh air Alba an dèidh dha mhàthair, Màiri Banrigh na h-Alba, an crùn a leigeil dhi. An dèidh a thogail ann an dòigh chruaidh còmhla ri teaghlach nam Mars, an luchd-cùraim aige, bha Seumas na oighre air rìoghachd bhochd le iomadh trioblaid. Fhad 's a bha e òg, bha ceithir tànaistearan a' riaghaladh Alba. B' ann aig an àm sin a chaidh sìol na còmhstri ris an Eaglais a chur. Nuair a bha e aig aois a b' urrainn dha riaghladh leis fhèin, bha Seumas a' cumail a-mach gun robh còir an Rìgh a' tighinn gu dìreach bho Dhia. Bha e a' cur a thaic ri modal Eaglais Phròstanach Shasainn le easbaigean agus an Rìgh mar Cheann oirre. Ach bha Clèirich ag ràdh gun robh cumhachd thairis air an Eaglais a' tighinn gu dìreach bho Dhia. Ged a chuir cuid de Chlèirich dhìleas, mar Andrew Melville, ceist ann am beachdan Sheumais, neartaich a bheachd gum bu chòir ùghdarras a bhith aige air an Eaglais. Bha seo soilleir nuair a fhrithheil an Rìgh a h-uile Seanadh Coitcheann eadar 1597 agus 1603, agus sin a' neartachadh a bhuaidh. San fharsaingeachd, agus a dh'aindeoin strèan, bha an dà thaobh rèidh ri chèile fhad 's a bha e a' riaghladh.

[Tionndaidh an duilleag

EACHDRAIDH NA H-ALBA — PÀIRT B (a' leantainn)

Stòr C bho Ralph A. Houlbrooke (deas.), *James VI and I: Ideas, Authority and Government*, (2006).

Thug an teagasg aig an taoitear aige, Deòrsa Bochanan, buaidh mhòr air Seumas agus fhuair e foghlam Pròstanach. Bha Seumas gu mòr den bheachd gum bu chòir smachd a bhith aig rìghrean air an eaglais agus thug sin buaidh air a bheachd mun stàit is mun eaglais. Dh'adhbharaich seo còmhstri mhòr fad na h-ùine a bha e a' riaghladh. Cha robh e an-còmhnaidh follaiseach, ach bhiodh e a' tighinn am bàrr gu cunbhalach. Agus na bu mhiosa buileach, bha Seumas buailteach a bhith fàbharach ris na h-uaislean Caitligeach. Dh'fhaodadh do Sheumas fhèin gur e cùis dìlseachd a bha seo seach cùis creideimh, ach cha robh an Eaglais agus am buidheann Clèireach ga fhaicinn mar sin. Ach mu dheireadh nan 1580an, bha càirdeas na b' fheàrr ann ris an Eaglais. An dèidh na beachdan aige air creideamh fhoillseachadh ann an 1588 agus 1589, bha greiseag de shìth eadar e fhèin agus na h-ìochdarain Phròstanach. Aig an Àrd-sheanadh san Ògmhios 1590, thuirt e gum b' e Eaglais Chlèireach na h-Alba 'an eaglais bu dùrachdaiche air an t-saoghal'.

Stòr D bho A.M. Renwick, *The Story of the Scottish Reformation* (2006).

Ann an 1560 cha robh ach beagan mhinistearan ann an Alba a bha a' teagasg a' chreideimh ath-leasichte Phròstanaich. Ach ann an 1573 bha còrr is 500 dhiubh ga theagasg. Tha sin a' sealltainn mar a bha buaidh na h-Eaglais a' fàs. Ann an iomadh paraiste, bhiodh dithis mhinistearan, a bha eòlach air gnothaichean creideimh, a' frithealadh nan daoine. Bha an Eaglais cuideachd airson gum biodh foghlam na b' fheàrr air feadh na rìoghachd. Agus gu h-àraidh, bha daoine a-nis a' cluinntinn Facal Dhè nan cànan fhèin, rud a bha air leth prìseil. Le bhith a' leantainn stiùireadh na h-Eaglais, bha daoine a-nis air chomas a dhol chun an Tighearna Ìosa Crìosd airson slàinte. Dh'fhàs seirbheisean san Eaglais na bu shòlaimte oir sguir an ceòl, agus cluich an orgain gu h-àraidh, oir bha iad co-cheangailte ris a' chreideamh Chaitligeach. Bha beatha chruaidh aig na daoine.

EACHDRAIDH NA H-ALBA — PÀIRT B (a' leantainn)

Feuch air a h-UILE ceist a leanas.

5. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr A** mar fhianais airson nan adhbharan gun robh Pròstanachd a' fàs ann an 1560? 8
- Ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnadh bu chòir dhut iomradh a thoirt air*
- an tùs agus air an amas a bha 's dòcha aig an stòr
 - susbaint an stòir
 - d' fhiosrachadh fhèin.
6. Mìnich na h-adhbharan airson gun robh duilgheadasan aig Màiri, Banrigh na h-Alba, ann a bhith a' riaghladh na h-Alba eadar 1561 agus 1567. 8
7. Dè uiread 's a tha **Stòran B** agus **C** a' sealltainn dhuinn mu na diofar mhìneachaidhean mun t-strì airson smachd fhaighinn air an Eaglais ann an linn Sheumais VI? 10
- Cleachd na stòran agus d' fhiosrachadh fhèin.*
8. Dè cho slàn 's a tha **Stòr D** a' mìneachadh buaidh an Ath-leasachaidh air Alba, gu 1603? 10
- Cleachd an stòr agus d' fhiosrachadh fhèin.*

[Tionndaidh an duilleag

EACHDRAIDH NA H-ALBA — 36 comharran

PÀIRT C — Cùmhnant an Aonaidh, 1689–1740

Dèan sgrùdadh air na stòran gu h-ìosal agus feuch a h-UILE ceist a tha a' tighinn às an dèidh.

Stòr A òraid sa phàrlamaid a rinn John Dalrymple, Iarla Stair, ann an deasbadan an aonaidh (1706).

Lean sinn eisimpleir dhùthchannan eile agus chruthaich sinn Companaidh na h-Alba airson a bhith a' malairt ris na h-Innseachan an Iar. Thog sinn bàtaichean agus rinn sinn plana airson colonaidh air Tairbeart Dhàriean. Cha b' e gun robh dìth dhaoine no dìth bhuill-airm, no dìth tapachd oirnn, ach dìth an rud a b' fheumaile: cha robh co-obrachadh càirdeil againn ri Sasainn. Tha buil thruagh na h-iomairt sin ro dhuilich airson a h-innse a-rithist. Ma chanas sinn dìreach nach do dhèilig na Sasannaich rinn mar chaidrich no mar charaidean no mar cho-ìochdarain rìgh Breatannach, ach mar spùinneadairean agus mar nàimhdean coimheach. Cha tug aonadh nan crùn tèarainteachd sam bith dhuinn. Cha robh dìon idir againn bho chòmhstri nàimdeil na Spàinne, a bha Sasainn a' brosnachadh. Chaidh a cholonaidh againn a sgrios. Dh'fhuiling sinn a' bhorbachd a b' uabhasaiche bhon nàmhaid.

Stòr B bho Simon Schama, *A History of Britain* (2001).

B' e àidseant dìomhair, air a phàigheadh le riaghaltas Bhreatainn, a bh' ann an Defoe. Ann an 1706 dh'fhoillsich e aistean san robh e a' cumail a-mach gun robh eachdraidh Bhreatainn na h-eachdraidh san robh càirdeas toilichte eadar Sasainn agus Alba. Ge b' e dè cho dùrachdach 's a bha na beachdan sin, no argamaidean sam bith bho phartaich dhen Chùirt am fàbhar an aonaidh, b' e glè bheag a chreid iad. Chuir na Sasannaich romhpa buaidh fhaighinn: bha a' chomhairle a thug Defoe do dh'oifigearan Sasannach a' ciallachadh gun deach sùimean airgid a sgaoileadh am measg nam BP airson gum faigheadh iad na bhòtaichean a dh'fheumadh iad gus gun deigheadh Achd an Aonaidh tro Phàrlamaid na h-Alba. Rinn am Morair Godolphin cinnteach gun robh maoin ann a shàsaicheadh fèin-bhuannachd na h-Alba. B' esan Àrd-mhorair an Ionmhais ann an Sasainn. Chaidh gealltainn do dh'uachdarain ann an Alba a bheireadh taic dhan Chùmhnant gum faodadh iad sochairean nan uaislean a chumail.

EACHDRAIDH NA H-ALBA — PÀIRT C (a' leantainn)

Stòr C bho Paul Henderson Scott, *The Union of 1707, Why and How* (2006).

Choinnich Pàrlamaid na h-Alba san Dàmhair 1706. Bha rudan sa Chùmhnant a thàlaidheadh daoine. Bhuannaich partaidh na Cùirte na bhòtaichean gu lèir, agus sin gun mòran oidhirp a dhèanamh air deasbad ri partaidh na Dùthcha no bodraigeadh ri reusanachadh. Ged as e mealladh borb a bh' ann, bha coltas gun robh an Ionannachd a' ciallachadh gun dèanadh Sasainn ais-phàigheadh do mhòran Albannach. Nam measg sin, bha buill de Phàrlamaid na h-Alba a chaill an t-airgead a bha iad air a shàbhaladh nuair a chaidh Darien às a chèile. Bha riaghaltas Shasainn coma ach dèanamh cinnteach às a' Chùmhnant, agus thabhainn iad oighreachdan mòra, prothaideach do dh'uaislean na h-Alba mar dhòigh air airgead a dhèanamh às dèidh an Aonaidh. Sgaoil Iarla Ghlaschu £20,000, a thàinig bho mhinistearan na Banrigh ann an Sasainn, am measg cuid de bhuill Pàrlamaid na h-Alba airson gun deigheadh an Cùmhnant troimhe gun dragh.

Stòr D bho Paul Henderson Scott, *The Union of 1707, Why and How* (2006).

Tha deasbad ann an robh buaidh shòisealta, phoilitigeach no eaconamach aig an Aonadh an dèidh do na pàrlamaidean ann an Alba agus ann an Sasainn a phasaigeadh ann an 1707. 'S e aon rud a tha annasach mun Aonadh nach do chuir e às do dh'Alba mar nàisean; chum i a fèin-aithne shònraichte, a beachdan agus a smuaintean, agus bha cleachdaidhean dualchasach cho làidir 's nach robh e furasta cur às dhaibh. Mar sin cha robh buaidh a' Chùmhnant san dòigh sin idir cho cronail 's a dh'fhaodadh e bhith ged a thug e buaidh Shasannach air an dùthaich. A dh'aindeoin sin, thug am barantas a bha sa Chùmhnant do lagh na h-Alba, agus dhan Eaglais ann an Achd na Tèarainteachd, Tha luchd-eachdraidh ann an Alba is ann an Sasainn air co-dhùnadh gum b' e fìor dheagh bhuil den Aonadh a bh' ann gun do lean siostam an fhoghlaim agus siostam an riaghaltais ionadail ann an Alba, agus gun tug sin barrachd buaidh air Alba na thug pàrlamaid Bhreatainn a bha fada air falbh.

[Tionndaidh an duilleag

EACHDRAIDH NA H-ALBA — PÀIRT C (a' leantainn)

Feuch air a h-UILE ceist a leanas.

9. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr A** mar fhianais air tachartasan a dh'adhbharaich gun robh an càirdeas ri Sasainn a' dol bhuaithe. 8
- Ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnadh bu chòir dhut iomradh a thoirt air*
- an tùs agus air an amas a bha 's dòcha aig an stòr
 - susbaint an stòir
 - d' fhiosrachadh fhèin.
10. Mìnich na h-adhbharan airson gun robh argamaidean ann airson agus an aghaidh aonadh ri Sasainn. 8
11. Dè uiread 's a tha **Stòr A** agus **Stòr B** a' nochdadh mu na diofar mhìneachaidhean a th' ann air mar a phasaig Pàrlamaid na h-Alba Achd an Aonaidh? 10
- Cleachd an stòr agus d' fhiosrachadh fhèin.*
12. Dè cho slàn 's a tha **Stòr D** a' mìneachadh buaidh an aonaidh, gu 1740? 10
- Cleachd an stòr agus d' fhiosrachadh fhèin.*

PÀIRT D — Imrich agus ìmpireachd, 1830–1939

Dèan sgrùdadh air na stòran gu h-ìosal agus feuch a h-UILE ceist a tha a' tighinn às an dèidh.

Stòr A bho artaigil air eilthireachd a sgrìobh deasaiche an *Chambers' Journal*, iris-sheachdain Albannach a bha mòr-chòrdte, bho 1872.

Tha eilthirich à Alba fhathast dèidheil air Canada oir tha cothroman an sin nach eil ann an Alba dha na daoine. Tha mòran Albannach às a' Ghàidhealtachd mar-thà air an cothrom a ghabhail a dhol a dh'fhuireach a dh'àiteachan mar Ontario agus Alba Nuadh. Fhuair iad sin buannachd bho bhith tapaidh gu leòr airson leum air bòrd tè de na bàtaichean a bha a' dol a Chanada. Thèid aig tuathanaich eòlach agus luchd-obrach le sgilean àiteachais air fada a bharrachd a chosnadh air taobh eile a' chuain na choisinneas iad an seo aig an dachaigh. Chan e seo an aon rud a tha tarraingeach mu eilthireachd a Chanada, ach cuideachd cho dàimheil 's cho nàbaidheil 's a tha e a bhith a' fuireach còmhla ri Albannaich eile a tha mar-thà air eilthireachd a dhèanamh agus a tha air coimhearsnachdan làidir Albannachd a stèidheachadh. 'S e an tarraing as motha a th' ann gum faod na daoine as bochda a bhith cinnteach gum faigh iad fearann agus gun coisinn iad gu leòr airson bith-beò a bhith aca agus an clann a bhith cofhurtail.

Stòr B bho Malcolm Prentis, *The Scots in Australia* (2008).

San noidheamh linn deug agus san fhicheadamh linn, bha an t-uabhas de dh'Albannaich ag obair ann an tuathanachas chaorach is chruidh, gu h-àraidh air taobh an ear Astràilia. Bha na h-Albannaich air chomas an t-teòlas agus na cleachdaidhean a bh' aca a chur gu feum ann a bhith a' leasachadh an fhearainn ùir. Bha iad cuideachd ge-tà air chomas, agus deònach, fàs suas ri bàrr ùr leithid siùcar no ri modhan-obrach ùr mar uisgeachadh airson barrachd prothaid a dhèanamh. Bha mèinnearan cuideachd am measg nan eilthireach Albannach a chaidh a dh'Astràilia. B' ann ann am mèinneadh guail a bu mhotha a bha iad seach ann am mèinneadh copair is staoin no tiona a bha a' cur ri eaconamaidh Astràilia. Dh'fhuirich a' mhòr-chuid de dh'Albannaich nan Clèirich. Mar sin b' e an Eaglais Chlèireach an cleachdadh Albannach a bu chudromaiche a thugadh a dh'Astràilia, agus bhiodh buaidh aice air iomadh pàirt de dhòigh-beatha Astràilia. Bha Albannaich agus Clèirich cudromach ann an teagasg sna sgoiltean agus chaidh mòran àrd-sgoiltean Clèireach a stèidheachadh ann a' Victoria.

[Tionndaidh an duilleag

EACHDRAIDH NA H-ALBA — PÀIRT D (a' leantainn)

Stòr C bho John H.G. Mackenzie-Smith, *The Scottish presence in the Moreton Bay District 1841–1859* (1999).

Bha grunn de dh'Albannaich ainmeil nach robh buileach soirbheachail ann a bhith a' coileanadh nan amasan eaconamach aca ann am Moreton Bay ann an Astràilia. Bha Evan Mackenzie ag iarraidh slighe mhalairt dhìreach ri Lunnainn, ach dh'fhàillig an t-amas sin nuair a thuit siostam taic Alba is nan Colonaidean às a chèile. Dh'adhbharaich sin gun do thill MacCoinnich a dh'Alba ann an 1846 far an do ghabh e Iarlachd Chùil Challaidh. Ghlèidh e sin gus an do chaochail e ann an 1883 agus chaidh an tiotal à bith an uair sin. Stèidhich Albannach eile, W.A. Duncan, clàr air an robh an t-ainm Duncan's Weekly Register, of Politics, Facts and General Literature san Iuchar 1843. Chaill e mòran airgid air sgàth nan sguatairean bho dheas an dèidh dha artaigilean naidheachd fhoillseachadh a' toirt taic dha na riaghailtean fearainn mì-chòrdte aig an Riaghladair Sir George Gipps. Am measg nan sguatairean aig tuath, bha staid an àite-fuirich air an tuathanas aig James Ivory ann an 1851 coltach ri fail-mhuice. Bha seo na eisimpleir neo-chumanta air dìth comais Alba tuathanas stuic a stèidheachadh an dèidh faisg air deich bliadhna.

Stòr D bho T.M. Devine, *To the Ends of the Earth: Scotland's Global Diaspora, 1750–2010* (2012).

An oidhche mus do thòisich an Cogadh Mòr, bha inbhe bharrachd aig Alba air feadh an t-saoghail. Bha buaidh chruinneil fhathast aig a' ghnìomhachas togail-bhàtaichean. Ghlèidh Alba an inbhe gun shamhail sin, agus ann an 1914 bha gàrraidhean-togail Chluaidh a' togail faisg air a' chòigeamh cuid de mhach-chur an t-saoghail. Cuideachd, bha gnìomhachasan a' ghuail, an stàilinn, an iarainn is an einnseanaireachd a' fastadh còrr is cairteal de luchd-obrach na h-Alba, agus bha iad sin uile an eisimeil cothrom air margaidhean na h-Ìmpireachd thall-thairis. Cha b' e a-mhàin na gnìomhachasan troma air taobh an iar na h-Alba a bha an urra ri margaidhean air feadh an t-saoghail. Bha seactoran dèanaimh eile – bratan-ùrlair, snàthainn agus aodach-clòimhe — air feadh na dùthcha bho na Crìochan gu ceann an ear-thuath na Galltachd — cuideachd an urra ri malairt thall-thairis. Bha na h-Albannaich fhathast nam prìomh fho-chompàirtichean san Ìmpireachd an dèidh 1918, agus bha mòran de dh'Albannaich phroifeiseanta agus meadhan-chlas a' leantainn dhreuchdan san Ìmpireachd.

EACHDRAIDH NA H-ALBA — PÀIRT D (a' leantainn)

Feuch air a h-UILE ceist a leanas.

13. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr A** mar fhianais air na factaran tarraing chuir ri eilthireachd nan Albannach, 1830–1939. 8
- Ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnadh bu chòir dhut iomradh a thoirt air*
- *an tùs agus air an amas a bha 's dòcha aig an stòr*
 - *susbaint an stòir*
 - *d' fhiosrachadh fhèin.*
14. Mìnich na h-adhbharan airson gun do dh'fhiosraich buidhnean in-imrichean ann an Alba diofar shuidheachaidhean. 8
15. Dè uiread 's a tha **Stòran B** agus **C** a' sealltainn mu na diofar mhìneachaidhean air a' bhuidhe eaconamach a bh' aig Albannaich air na dùthchannan dhan do rinn iad eilthireachd? 10
- Cleachd an stòr agus d' fhiosrachadh fhèin.*
16. Dè cho slàn 's a tha **Stòr D** a' mìneachadh buaidh imrich agus ìmpireachd air Alba? 10
- Cleachd an stòr agus d' fhiosrachadh fhèin.*

[Tionndaidh an duilleag

EACHDRAIDH NA H-ALBA — 36 comharran

PÀIRT E — Buaidh a' Chogaidh Mhòir, 1914–1928

Dèan sgrùdadh air na stòran gu h-ìosal agus feuch a h-UILE ceist a tha a' tighinn às an dèidh.

Stòr A bhon leabhar-latha aig Private MacPherson, 9mh Royal Scots, 21mh Iuchar 1916.

Chaidh sinn tro bhaile Mametz a bha air a sgrios. Nan sìneadh an sin bha an 6mh *Argylls and Forth Garrison Artillery*. Bha fàileadh gas-dheur fhathast ann an dèidh bomadh nan Gearmailteach agus bha ar sùilean goirt agus fliuch le deòir. Chaidh sinn seachad air crois mhòr fhiodha a bha na Gearmailtich air a chur suas air cnoc far an robh cuid dhiubh air an tiodhlacadh. Thòisich sligean a' frasadh a-nuas oirnn. Cha chluinneadh tu ach am fuaim aca a' tighinn faisg agus, an uair sin, toirm mòr nan spreadhaidhean. Lean sinn air adhart gu luath, agus fhuair sinn faochadh nuair a bha sinn seachad air a' bhalla-casg agus meadhanach sàbhailte. Chaidh ar cur an uair sin an àite na Roinne a dh'fhuiling call mòr nuair a rinn iad oidhirp neo-shoirbheachail air High Wood a ghlacadh.

Stòr B bho J.D. Mackie, *A History of Scotland* (1964).

Bha buaidh mhòr, agus buaidh a bha an ìre mhath mì-fhortanach, aig a' chogadh air eaconamaidh na h-Alba oir bha e a' ciallachadh gun do lean Alba oirre an eisimeil raon cumhang de ghnìomhachasan. Bha e na laigse san eaconamaidh air a' cheann thall gun robh i air tighinn gu bhith ro mhòr an eisimeil gnìomhachas traidiseanta obair nam meatailtean troma (agus mèinneadh a' ghuail a bha a' dol an cois sin) agus air aodach-fighte garbh. Bha an Cogadh Mòr na chogadh san robh sabaid le gunnathan-mòra ann an àitichean san robh feachdan mòra de shaighdearan-coise air siostam farsaing de thrainnsichean a chladhach dhaibh fhèin. Bha sin a' ciallachadh gun robh iarraidh mhòr air bathar trom iarainn is stàilinn agus aodach-fighte garbh. Nuair a thòisich a' Ghearmailt a' sabaid gu mòr le bàtaichean-aigeil ann an 1917, bha Breatainn air an t-uabhas de bhàtaichean marsanta a chall, ach chaidh e na bu mhiosa buileach a-nis. Bha riaghaltas Bhreatainn a' cur feum air a h-uile bàta a thogadh gàrraidhean Chluaidh. Air an taobh an ear aig deireadh a' chogaidh, bha Linne Fhoirthe na phrìomh ionad airson càradh is seirbheiseachadh a' Phrìomh Chabhlaich. Cha b' ann air bunait eaconamach idir a chaidh tòrr den obair seo a dèanamh.

EACHDRAIDH NA H-ALBA — PÀIRT E (a' leantainn)

Stòr C bho Trevor Royle, *The Flowers of the Forest: Scotland and the First World War* (2006).

Air sgàth feumalachdan a' chogaidh — feum air barrachd bhàtaichean airson uachdar na mara, gu h-àraidh bàtaichean-sgrios le barrachd bhàtaichean marsanta gan call — thòisich linn phrothaideach do ghàrraidhean Chluaidh. Chaidh 481 bàta-cogaidh, le faisg air 760,000 tunna cuideam gu lèir, a thogail eadar 1914 agus 1918. 'S e àireamh mhòr a tha sin, gu h-àraidh nuair a smaoinicheas tu nach eil an àireamh a' gabhail a-steach nam bàtaichean marsanta a bha na phàirt mòr de dh'obair a' chogaidh air Abhainn Chluaidh. Bidh e coltach cuideachd gun tug an cogadh beairteas don sgìre, agus bha sin fìor gu ìre mhòr. Ann am Bruach Chluaidh, thòisich obair fad an latha Disathairne agus obair-oidhche air an t-Sàbaid airson cabhag a chur ris an obair air a' bhàta-dìon Tiger agus air a' bhàta-cogaidh Barham. Aig deireadh a' chogaidh, bha an tuarastal ann an gnìomhachas togail-bhàtaichean air a dhol suas 10 sa cheud. Mar sin bha an tuarastal os cionn atachas àm a' chogaidh.

Stòr D bho Neil Oliver, *A History of Scotland* (2010).

Cha fad 's a bu chuimhne do dhuine, b' e am Partaidh Libearalach am partaidh bu mhotha ann an Alba. Ach an dèidh a' chogaidh, bha barrachd ag èisteachd ris a' Phartaidh Làbarach. Ann an 1912 chaidh Conservatives na h-Alba agus Aonachdaich Libearalach na h-Alba còmhla agus b' e sin Partaidh Aonachdach na h-Alba. B' e Conservatives le ainm eile a bha sin, agus dh'fhàs iad glè làidir às dèidh a' Chogaidh Mhòir. Air sgàth 's gun robh mì-thoileachadh ann an Alba sna 1920an, bha barrachd is barrachd de dh'Albannaich den bheachd nach robh gin de na partaidhean poilitigeach a bh' ann a' cur cuideam gu leòr air feumalachdan Alba. Thòisich cuid ag iarraidh sgaradh sna dùthchannan agus chaidh Comann Fèin-riaghladh na h-Alba ath-steidheachadh ann an 1918. Bho àm ar-a-mach 'Red Clydeside' ann an 1919, bha Albannaich a' faicinn coitcheannas eadar iad fhèin agus daoine lasanta leithid Iain MhicIleathain.

[Tionndaidh an duilleag airson an ath cheist

EACHDRAIDH NA H-ALBA — PÀIRT E (a' leantainn)

Feuch air a h-UILE ceist a leanas.

17. Dè cho feumail 's a tha **Stòr A** mar fhianais air na dh'fhiosraich na h-Albannaich aig blàir Loos agus an Somme. 8
- Ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnadh bu chòir dhut iomradh a thoirt air*
- an tùs agus air an amas a bha 's dòcha aig an stòr
 - susbaint an stòir
 - d' fhiosrachadh fhèin.
18. Mìnich na h-adhbharan airson gun robh buaidh cho mòr aig a' Chiad Chogadh Mhòr air comann-sòisealta agus cultar Alba. 8
19. Dè uiread 's a tha **Stòran B** agus **C** ag innse dhuinn mu na diofar mhìneachaidhean a th' ann mun bhuidh a bha aig a' Chiad Chogadh Mhòr air gnìomhachas ann an Alba? 10
- Cleachd an stòr agus d' fhiosrachadh fhèin.*
20. Dè cho slàn 's a tha **Stòr D** a' mìneachadh na buaidh a bha aig a' chogadh air poilitigs ann an Alba? 10
- Cleachd an stòr agus d' fhiosrachadh fhèin.*

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR EISIMPLEIR]